

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird**  
**Hiort, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis**  
**7/3/2018 13:30 – 17:00**

**Buill**

Dòmhnall MacLeòid ( <i>Cathraiche na coinneimh</i> )	(DML)	Shona NicIlinnein (Ceannard)	(SNI)
Ailean Caimbeul	(AC)	Daibhidh Boag	(DB)
Domhnall MacSuain	(DMS)	Mona Wilson	(MW)
Fiona Dunn	(FD)	Alasdair MacFhionnghuin	(AMF)
Jennifer Gilmour	(JG)	Dùghlas Ansdell	(DA)
Johan Nic a Ghobhainn	(JNG)	(Roinn Maoineachaidh RnA)	
Joy Dunlop	(JD)	Carol Niclain (GC)	
Mairi T NicAonghais	(MNA)	Dòmhnall Caimbeul (MG ALBA)	(DC)
Màiri Anna NicUalraig (tro Skype)	(MNU)	(puing 5)	

**A' Frithealadh:**

**1 CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

- a)** Ghabh Dòmhnall MacLeòid a Chathair air a choinneimh, ri linn is nach robh e comasach do dh'Àilean Dòmhnallach a bhi an làthair. Chuir DML fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh agus chaidh leisgeul a chlàradh bho Seumas Whannel agus an Cathraiche, Ailean Dòmhnallach.

Thug an Cathraiche aithne don naidheachd gun do chaochail Iain MacLeòid a bha mar bhall air a' Bhòrd airson sia bliadhna, agus a bha ri mholadh airson na h-obrach a bha e air a dhèanamh an lùib na Comataidh Cleachdaidh agus air a' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan. Tha co-fhaireachdainn a' Bhùird leis an teaghlach aige aig an àm dhuilich seo.

**A' NOCHDADH CHOM-PÀIRTEAN**

- b)** Chaidh na com-pàirtean a leanas a chlàradh airson cuspairean a bha nochdadh air a' chlàr gnothaich

AC, DML & JD - An Comunn Gàidhealach  
AC – Comhairle Sgìre Pheairt agus Cheann Rois  
MTNA – Ceòlas  
DML – CNES  
JNG – Comhairle nan Leabhraichean  
DMS – Stòrlann

**GEÀRR-CHUNNTAS NAN COINNEAMHAN 6 & 7/12/2017 (Pàipear 1)**

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas.

- c)**

**CÙISEAN A THOG CEANN**

Fios air gnìomhan:

- d)**
- Choinnich DB leis an Lòchran is na buidhnean a tha a' cleachdadh na Lèanaig ann an Glaschu gu cunbhalach. Chaidh aontachadh gun gabhadh An Lòchran thairis am màl airson nan oifisean nuair a thig aonta-màil a' Bhùird gu crìoch, is bu chòir do AMF dearbhadh le Partick Housing gun gabh seo a dhèanamh.
  - Tha againn ri fiathachadh a chur gu Soillse a thighinn a bhruidhinn ris a' Bhòrd agus Riaghaltas na h-Alba aig an ath choinneimh san Ògmhios mun rannsachadh a tha gu bhith air fhoillseachadh nas fhaide air a' bhliadhna.
  - Gheall DA gun cuairtichadh e fios air cò air a chaidh an t-airgead calpa a chosg.

**ADHARTAS A RINN COMATAIDHEAN IS BUIDHNEAN-OBACH BHO CHAIDH A' CHOINNEAMH MU DHEIREADH A CHUMAIL: (Pàipear 1, PT1-PT4)**

Ghabh na buill ris an fhiosrachadh bhon na comataidhean agus na buidhnean obrach:

- f)** A' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan (*Atharrachadh air an ainm aig Iain MacLeòid sa gheàrr-chunntas Bheurla gu John MacLeod.*); A' Chomataidh Ionnsachaidh; Comataidh

Cleachdadh na Gàidhlig, A' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh, Buidheann-obrach nan Ealain Gàidhlig agus Buidheann-obrach Adhartachadh na Gàidhlig.

### **AITHRIS A' CHEANNAIRD**

Thug an Ceannard seachad fios mun adhartas thairis air na mìosan a chaidh seachad bhon choinneimh mu dheireadh.

- g)
- I. Co-obrachadh a tighinn air adhart le MG ALBA airson Gàidhlig a neartachadh.
  - II. Bha deagh choinneamh le Andrew Baxter, Cathraiche ùr Comataidh an Fhoghlaim aig Comhairle na Gàidhealtachd.
  - III. Chaidh sreath de choinneamhan a chumail leis na Buidhnean Gàidhlig, leis an Sgioba Stiùiridh, a bha taiceil ann an neartachadh chonaltraidh.
  - IV. Chaidh gu math dhan Cho-labhairt air Curraicealam Gàidhlig a chaidh a chur air dòigh le Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, ann a co-bhonn le Foghlam Alba agus e-Sgoil ann an Inbhir Nis.
    - i. Chaidh an sgioba Conaltraidh a neartachadh le bhith a' fastadh Morrison Media Service, is cuiridh iad taic ri bhith ag ullachadh sgeamaichean conaltraidh mionaideach airson am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 (PCGN) a chur an gnìomh.

Chaidh an Ceannard a mholadh air na h-obrach cudromach a tha i an dèidh a dhèanamh airson togail air na ceanglaichean leis na daoine aig àrd-ìre aig buidhnean iomchaidh.

### **GNÌOMHAN:**

- **Bheir SNI fiathachadh do Shoillse airson tighinn gu Coinneamh a' Bhùird san Ògmhios**
- **Cuairtichidh DA fios mun Capital Fund aig an Riaghaltas agus mu cò air a chaidh a chosg.**
- **Bidh AMF a' còmhradh ri Partick Housing a thaobh mhàil airson Aonad 1 & 3 san Lèanag a ghluasad chun an Lòchran.**

## **2 AIR FÀIRE**

Chaidh còmhradh fosgailte a chumail air cothroman airson adhartachadh na Gàidhlig. Bha beachdan gan togail air na co-labhairtean airson a' PhCNG airson bhuidhnean poblach, Ùghdarrasan Ionadail agus coimhearsnachdan.

A-mach às na còmhradhean chaidh aontachadh gum bu chòir do Bhuidheann-obrach Adhartachadh na Gàidhlig coimhead ris na cuspairean seo:

- a) Ceanglaichean le coimhearsnachdan
- b) Co-labhairt PCNG
- c) Modhan conaltraidh a dhèanamh nas fheàrr
- d) Cothroman le British Sign Language
- e) Cothroman Obrach
- f) Bile nan Eilean – Island Proofing

### **3 CORPORRA**

#### **a) CLÀR-CHUNNARTAN (Pàipear 2)**

Thug AMF iomradh air mar a tha aige ri ceangal a dhèanamh eadar an seann chlàr agus na thàinig a-mach às an latha fhiosrachaidh sa Ghearran, agus thèid clàr ùr ullachadh airson na coinneimh san Ògmhios. Bu chòir barrachd fios a bhith air a' chlàr air mar a tha gach gnìomh ri choileanadh agus mìneachadh a bharrachd air buaidhean.

Ghabh am Bòrd ris a' chlàr le tuigse gun tig na cinn-làithean ùrachadh agus dh' iarr iad air na h-oifigearan a bhith a' gluasad air adhart nam beachdan a thàinig bhon latha fhiosrachaidh.

#### **b) PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 25018-23**

Thug am Bòrd fa-near don fhiosrachadh bhon Cheannard air mar a thathar an dùil foillseachadh a dhèanamh air a' PhCNG, an dèidh na coinneamh ràitheil aig a' Chathraiche agus an Ceannard leis a' Mhinistear aig 28/03.

An dèidh iarrais bho na buidhnean Gàidhlig thug am Bòrd cead dhan Cheannard am Plana a sgaoileadh thuca, ann an dìomhaireachd.

### **TAISBEANADH BHO DHÒMHNALL CAIMBEUL BHO MG ALBA**

*Thug na buill fa-near do na puingeann feumail bhon taisbeanadh aig DC, agus thug an Cathraiche eadar-amail taing dha airson an fhiosrachaidh agus an stiùir a tha ri fhaighinn bhon cheangal eadar an dà bhuidheann, agus taing airson mar a tha iad a' dol a chur ri taic ri foillseachadh a' PhCGN.*

#### **GNÌOMH**

➤ **Chaidh e aontachadh gun tèid an taisbeanadh aige a sgaoileadh do na buill.**

#### **c) PRÌOMH CHOMHARRAN COILEANAIDH (KPI) 2017/18 (Pàipear 3)**

Bhruidhinn AMF mun phàipear, air comharran coileanadh airson na bliadhna ionmhas gu deireadh a' Mhàirt 2018. An dèidh beachdachadh orra, chaidh aontachadh gum bu chòir fios mu àireamhan bho roinn an Fhoghlaim a chur ris an aithisg agus gun tillear thuice sa chlàr-gnothaich air an ath latha, 8/3/2018.

#### **d) PLANA CORPORRA 2018-23 (Pàipear 4)**

Chaidh aontachadh gur ann tron Phlana Corporra a bhiodh cothrom aig a' Bhòrd sanasachd a dhèanamh air an obair a tha sinn a' dèanamh, is bhiodh cothrom ann tomhas a dhèanamh air an adhartas le gnìomhan. Tha seo a' tighinn a mach às a' PhCGN, agus an dèidh dhon Phlana Chorporra aonta fhaighinn, thig Plana Gnìomh bliadhnail às airson stiùireadh a thoirt do dh' obair na buidhne. Bheireadh seo sealladh nas fheàrr do dhaoine bhon taobh a-muigh air dè tha am Bòrd a' gabhail uallach air a shon agus na tha an urra ri daoine eile.

Ghabhar ris na molaidhean airson atharraichean air a' bhriathrachas, agus thig am plana air beulaibh na h-ath choinneimh an dèidh dha a bhith air ùrachadh, san Ògmhios.

#### **e) PLANA GNÌOMH AIRSON PLANA AIRSON PÀRANT CORPORRA 2018/21 (Pàipear 5)**

Chaidh an cuspair seo a chur dheth gu coinneamh a' Bhùird san Ògmhios.

#### **f) CÙISEAN SGIOBACHD (Pàipear 6)**

Ghabh am Bòrd ris an fhiosrachadh san aithisg.

Thug an Cathraiche taing dha na h-oifigearan agus na buill a bha an làthair, agus dhùin e a' choinneamh aig 17.15.

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Dreachd de Gheàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird**  
**Hiort, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis**  
**8/3/2018 09:30 – 12:30**

**Buill**

Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche na coinneimh) (DML)  
Ailean Caimbeul (AC)  
Fiona Dunn (FD)  
Jennifer Gilmour (JG)  
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)  
Joy Dunlop (JD)  
Màiri T NicAonghais (suas gu 11:00m) (MNA)  
Màiri Anna NicUalraig (air a' fòn) (MNU)

**A' Frithealadh:**

Shona NicIllinnein (Ceannard) (SNI)  
Daibhidh Boag (DB)  
Mona Wilson (MW)  
Dùghlas Ansdell (DA)  
(Roinn Maoineachaidh RnA)  
Carol Niclain (GC)

**1 LÀTHAIREACHD IS CÙISEAN TOISEACHAIDH**

Chaidh leisgeul a chlàradh bho Dhòmhnall MacSuain, Seumas Whannel agus Ailean Dòmhnallach, agus gun robh aig Mairi T NicAonghais ri falbh aig 11:00m.

Chuir na buill fàilte air an naidheachd gun robh Dr Gillian Rothach air a h-ainmeachadh mar Phrionnsapal ùr aig Sabhal Mòr Ostaig.

Tha an clàr-gnothaich airson an latha ri atharrachadh bhon a tha MNA a' fàgail tràth. Chaidh a mholadh gun comharraicheadh an Sgioba Stiùiridh ùine fhreagarrach air a' chlàr-gnothaich airson na diofar chuspairean aig na coinneamhan.

**Gnìomh:**

- **Tha aig an Sgioba Stiùiridh ri ùine nas fhaide thoirt do chuspairean a tha rin deasbad air clàran-gnothaich aig coinneamhan a' Bhùird.**

**4 IONMHAS**

**a) AITHISG IONMHAIS (Pàipear 7)**

Bhon a tha Ceann an Roinn an Ionmhais air a dhreuchd fhàgail bhruidhinn an Ceannard mun phàipear. Thug i dearbhadh gu bheil siostaman ann an òrdugh, is gu bheil taic a' tighinn bho Ailig Greumach agus Seumas Rothach san eadar-àm, agus gu bheil i a' bruidhinn ri MG ALBA mu bhith a' toirt taic seachad gus a bheil an dreuchd air a lionadh.

Thug na buill fa-near don fhiosrachadh san aithisg.

**b) BUIDSEAT 2018-19 (Pàipear 8)**

Bhruidhinn an Ceannard mun aithisg. Ghabh am Bòrd ris na molaidhean sa phàipear.

**Aonta:**

- **Buidseat 2018-19.**

**5 LEASACHADH NA GÀIDHLIG**

**a) PANNAL NAM PLANAICHEAN (Pàipear 14)**

Bhruidhinn DB mun phàipear, is ghabh am Bòrd-stiùiridh ris na molaidhean. Thig aig a' Chomataidh Ionnsachaidh agus Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig ri aontachadh cò an dithis bho gach comataidh a tha gu bhith nam buill air a' Phannal seo.

Chaidh aontachadh gun tèid na h-aithisgean buileachaidh a chuirteachadh am measg nam ball uile, a bharrachd air an Ùghdarras.

## Aonta

- Chaidh aontachadh ris na molaidhean sa phàipear

## Gnìomhan

- Bu chòir do bhallrachd air Pannal nam Planaichean nochdadh mar chuspair air clàran-ghnothaich na Comataidh Ionnsachaidh agus Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig aig na coinneamhan aca sa Chèitean.
- Gheibh na buill lethbreac den na h-aithisgean buileachaidh bho seo a-mach bho DB is sgioba nam planaichean.

## 6 MAOINEACHADH

### a) GIGLETS ANN AN GÀIDHLIG (*Pàipear 9*)

Thug MW geàrr-iomradh air a' Phròiseact. Ghabh na buill ris a' mholadh sa phàipear airson taic a chur ris a' phròiseact, an dèidh an t-sùim airgid a chur ceart gu £147,000.

## Aonta

- Chaidh aontachadh ri maoinachadh airson a' phròiseact Giglets ann an Gàidhlig aig ìre £47,000 son a chiad bliadhna agus ann am prionnsapal airson an darna agus an treasamh bliadhna.

## Gnìomh

- Bu chòir do MW agus MM tachartas bogaidh a chur air dòigh leis a' bhuidhinn.

### b) BUIDHNEAN GÀIDHLIG 2018-19 IS AIR ADHART (*Pàipear 10*)

Chaidh aontachadh ris na molaidhean sa phàipear. Bu choir iarraidh air na buidhnean innse dhuinn dè tha dhìth orra gus na cùmhnantan a neartachadh. Thèid coimhead ris na cùmhnantan suas gu deireadh Mhàirt 2021 aig coinneamhan a' bhùird san Ògmhios agus Sultain.

## Aonta

- Chaidh aontachadh ris na molaidhean sa phàipear air maoinachadh do na buidhnean Gàidhlig airson 2018-19.

## Gnìomh

- Tha aig DB ri fios iarraidhmu chumhaichean a bharrachd a tha dhìth sna cùmhnantan aig na buidhnean Gàidhlig.

*(Dh' fhàg MNA a' choinneamh)*

### c) OIFIGEAR GÀIDHLIG AIG YOUNG SCOT (*Pàipear 10*)

Ghabh na buill ris na molaidhean sa phàipear airson taic a chur ris an iarrtas bho Young Scot.

## Aonta

- Chaidh aontachadh ri maoinachadh do Young Scot.

## Gnìomh

- Bu chòir do DB agus MM tachartas bogaidh a chur air dòigh leis a' bhuidhinn Young Scot ann an co-bhonn le Bliadhna na h-Òigridh

## 3 CORPORRA (*a' leantainn*)

### c) PRÌOMH CHOMHARRAN COILEANAIDH (KPI) (*a' leantainn air bhon phuing air a' chlàr-ghnothaich air 7/3/2018*) (*Pàipear 3*)

Leis an fhiosrachadh a bharrachd a chaidh a chur ris an aithisg, chur am Bòrd-stiùirdh aonta ris na molaidhean sa phàipear.

## Aonta

- Chaidh aontachadh ris na molaidhean sa phàipear.

## 5 LEASACHADH NA GÀIDHLIG

### a) PLANAICHEAN GÀIDHLIG (*Pàipear 12*)

Chaidh aontachadh ris na planaichean:

PT1 NHS na Gàidhealtachd (Cuairt 2)

PT2 Comhairle Pheairt is Cheann Rois (Cuairt 2)

*(Dh' fhàg AC a' choinneamh fhad 's a bha Am Bòrd a' beachdachadh air PT2)*

## **Aonta**

- **Chaidh aontachadh ris na Planaichean**

## **Gnìomh**

- **Tha aig DA ri bruidhinn ris a' bhuidheann fhasaidh aig an Riaghaltas airson faighneachd ach an toir iad iomradh air sgilean Gàidhlig sna dealbhan-obrach do bhuill aig Buidhnean Poblach aig a bheil Plana Gàidhlig.**

### **b) AMASAN ÀRD-ÌRE (Pàipear 13)**

Ghabh am Bòrd ris a' phàipear, agus ris na molaidhean sna h-aithisgean airson Amasan Àrd-ìre dha na buidhnean a leanas, agus thèid na -aithisgean a-nis a chur gu Ministear na Gàidhlig.

PT1 - Comhairle Lodainn an Iar

PT2 - Comhairle Lodainn an Ear

PT3 - Comhairle Lodainn Mheadhanaich

PT4 - Comhairle Chrìochan na h-Alba

PT5 - Oilthigh Shrath Chluaidh

## **Aonta**

- **Chaidh aontachadh ris na h-aithisgean airson Amasan Àrd-ìre**

## **Gnìomh**

- **Cuiridh DB na h-aithisgean Amasan Àrd-ìre airson nam buidhnean PT1-PT5 gu gu Ministear na Gàidhlig.**

## **6 FOGHLAM GÀIDHLIG**

### **a) FIOS AS ÙR AIR FOGHLAM GÀIDHLIG ANN AN ALBA (Pàipear 15)**

Bhruidhinn MW mun phàipear agus, an dèidh deasbad, ghabh am Bòrd ris an fhiosrachadh, le taing do MW airson na h-obrach a tha i a' dèanamh san roinn.

## **7 ADHARTACHADH NA GÀIDHLIG**

### **a) TOSGAIREAN A' BHÙIRD (Pàipear 16)**

Bhruidhinn an Ceannard mun phàipear. Bha deasbad ann air an ro-innleachd neartachaidh airson ìomhaigh nam ball a bha na chois. Bha moladh ann gun ullaicheadh an Ceannard aithisg fhoirmeil san t-Sultain aig coinneamh a' Bhùird.

Chaidh aontachadh gun tèid fios gu cunbhalach a chur gu na buill air maoineachadh bhon Sgioba Stiùiridh feuch am bi fios iomlan aca air pròiseactan.

## **Gnìomh**

- **Thèid fios air maoineachadh a tha an Sgioba Stiùiridh air aontachadh airson gach sgeama a chur gu na buill.**

### **b) CLÀR NAN COINNEAMHAN (Pàipear 17)**

Chaidh atharraichean a dhèanamh air clàr nan coinneamhan airson 2018/19, agus thèid an chuariteachadh a-rithist gu na buill airson aonta deireannach.

## **CEANN-LATHA AIRSON NA H-ATH CHOINNEIMH DEN BHÒRD**

05 & 06/06/2018

Thug an Cathraiche eadar-amail taing dha na buill a bha an làthair agus do na h-oifigearan agus an luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh le bhith ag ullachadh phàipearan agus fiosrachadh airson a' Bhùird, is chuir e crìoch air a' choinneamh aig 12.20f.